



Stiùireadh gu Làrach Mheata-Sgilean

An Lùnastal 2024

A' toirt air sgilean obrachadh do dh'Alba

Stiùir gu Làrach Mheata-Sgilean

Ro-ràdh

Tha innse sgeulachdan na phàirt chudromach de ar fèin-eòlas daonna. Tha sgeulachdan uile mun cuairt oirnn, agus bidh sinn gan cleachdadh gus ciall a dhèanamh dhinn fhìn, an saoghal agus cò sinn san t-saoghal.¹ Tha UNICEF ag ràdh gu bheil “Saidheans air sealltainn dhuinn gur h-e sgeulachd a th’ ann ar beatha do bheil an toiseach a’ comharrachadh na slighe”.² Tha 90% de fhàs eanchainn a’ tachairt sa chìad beagan bhliadhnaichean den bheatha, far a bheil càrr air aon mhillean de cheanglaichean niùrail dèante.³ Tha feum aig leasachadh air eanchainn air dàimhean coibhneil is freagairteach, beathachadh iomchaidh agus àrainneachd shàbhailte.⁴

Tha còir aig a h-uile pàiste air cluich⁵ agus faodaidh fèin-eòlasan cluiche àrainneachd eadar-obrachail, shàbhailte, comasachaidh a sholarachadh, a tha a’ cur taic ri leasachadh air sgilean daonna deatamach. Tha na sgilean sin, aithnichte mar mheata-sgilean, gar cuideachadh gu ionnsachadh le bhith a’ cur taic ri pròiseas togail agus gniomhaidh fiosrachadh. Tha iad gar n-ullachadh mu choinneamh an ama ri teachd le bhith a’ cur taic rinn a’ ruith ar beatha, a’ dùnanamh cheanglaichean le càch agus ùr-ghnàthachadh, gus an urrainn dhuinn ar càrsa a stiùireadh agus a bhith soirbheachail mar chom-pàirtiche fad-beatha ann an saoghal a tha a’ sìor-atharrachadh.⁶

Dè th’ ann an Làrach Mheata-Sgilean?

Air a leasachadh le taic an luchd-cleachdaidh agus an luchd-ionnsachaidh aca air feadh Alba, chaigh Làrach Mheata-Sgilean a chruthachadh mar ghoireas a dh’fhaodte a cleachdadh taobh a-staigh co-theacsa stèidhichte air cluich, gus taic a chur ri ionnsachadh nas doimhne mu bhun-bheachd mheata-sgilean, agus aig an aon àm a’ tabhann chothroman air na sgilean sin a cleachdadh.

Tha Làrach Mheata-Sgilean a’ riochdachadh àrainneachd air leth do gach neach fa leth (an àrainneachd shòisealta, an àrainneachd chorporra agus am fèin-eòlasan) far a bheil iad a’ cleachdadhan 12 cuidichean mheata-sgilean (12 caractaran, gach aon a’ riochdachadh meata-sgil) gus taic a chur riutha ann an diofar shuidheachaidhean. Taobh a-staigh modh-obrach aithris agus innse-sgeulachdan le cluich, faodaidh luchd-cleachdaidh no clann agus daoine òga an sgeulachdan fhèin a chruthachadh, ag in-chorpachadh measgachadh de na 12 caractaran mheata-sgilean.

“Tha cumhachd aig draoidheachd innse-sgeulachdan air an curricealam a thoirt beò, a’ comasachadh ionnsachadh agus tuigsinn spreagail tarsainn nan raointean cuspair eile uile.”

Ealain is Cultar Traidiseanta Alba ⁷

¹ <https://literacytrust.org.uk/resources/supporting-early-years-children-tell-stories/>

² <https://www.unicef.org/early-childhood-development>

³ <https://www.nhs.uk/start-for-life/early-learning-development/#:~:text=90%25%20of%20your%20child's%20brain,develop%20confidence%20and%20make%20friends.>

⁴ https://cde-lego-cms-prod.azureedge.net/media/wmtlmbe0/learning-through-play_web.pdf

⁵ <https://www.unicef.org/what-we-do/un-convention-child-rights/>

⁶ https://www.skillsdevelopmentscotland.co.uk/media/pgkgrzlf/skills-4-0_a-model-to-drive-scotlands-future.pdf

⁷ <https://www.storytellingforum.co.uk/storytelling-in-education/>

Dè na buannachdan a tha an lùib innse-sgeulachdan ann an co-theacsa mheata-sgilean?

Faodaidh pròiseas innse-sgeulachdan cuideachadh le ceangal nas doimhne a leasachadh leis a’ bhun-bheachd a thathar ag ionnsachadh agus taic a chur ri togail càinain.⁸ Faodaidh sgeulachdan, òrain agus rannan taic a chur ri clann gu am fèin-eòlasan⁹ a ghiullachd agus am feumalachdan fhèin is feumalachdan chàich aithneachadh agus a thuigsinn.¹⁰

Nuir a tha e air iarraidh air neach òg sgeulachd a chruthachadh mu chuspair sa bheil ùidh aca, tha am feòrachas air a phiobrachadh. Nuair a tha iad a’ rannsachadh airson na sgeulachd aca, bidh aca ri cuimseachadh air fiosrachadh agus a shìoladh ’s a sheòrsachadh, mar a tha iad airson a cleachdadhan. Tha iad a’ cleachdadhan cruthachalachd airson beachd-smuaintean a ghinteachd agus an sgilean smaoineachaidh sgrùdail gus luachadh a dhèanamh orra. Dh’faodadh gun cleachd iad an toil fhèin airson co-dhùnaidhean a dhèanamh no roghainnean a mholadh mu bhrìgh na sgeulachd. Dh’faodadh iad an sgilean faireachdaiinn is ionracais a cleachdadhan gus beachdachadh air smuaintean dhaoine eile ann an dùigh iomchaidh aig àm a bhith a’ leasachadh sgeulachdan ann am buidhnean.

⁸ <https://education.gov.scot/media/uwpg245f/literacy-english-pp.pdf>

⁹ https://www.playscotland.org/resources/print/Children-and-Young-Peoples-Views-of-Play-A-literature-review-to-inform-the-refresh-of-Scotlands-Play-Strategy-2024.pdf?plsctml_id=24685

¹⁰ <https://education.gov.scot/media/3bjpr3wa/realisingtheambition.pdf>

Stiùir gu Làrach Mheata-Sgilean

Dh'haodadh iad cuideachd beachdachadh air faireachdainnean is giùlainean an caractaran ann an co-theacsa brìgh na sgeulachd, a tha iad air a chruthachadh. Tha feum air sgilean co-obrachaidd is conaltraidh airson roinn agus èisteachd a dhèanamh ri beachdan is smuaintean is barail, gus na h-ath cheumannan a dheasbad agus aontachadh. Tha sgilean ceannardais a' cuideachadh le dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach air a chluinntinn 's air a bhrosnachadh.

Stèidhichte air rannsachadh no beachdan na buidhne, dh'haodadh gum bi feum aca air an cuid smaoineachaidh atharrachadh no a thaisbeanadh mar a tha na caractaran aca ag atharrachadh a rèir toinneamhan ann am brìgh na sgeulachd. Tha an sgilean toinisgeil gan cuideachadh le an sgeulachd a thogail a dh'ionnsaigh toiseach, meadhan agus deireadh.

Dh'haodadh measgachadh de mheata-sgilean a bhith air an cleachdad tron phròiseas cruthachaidh air an sgeulachd agus air an dòigh aithris, fhad 's a tha iad cuideachd a' leasachadh an tuigse do bhun-bheachd mheata-sgilean, le bhith a' beachdachadh air cudromachd nan caractaran.

Goireasan taic do ghnàthaichearán le caractaran Làrach Mheata-Sgilean a cleachdad

Tha an t-Urras Litearrachd Nàiseanta a' moladh gu bheil mòran diofar dhòighean air innse-sgeulachdan a libhrigeadh, a' gabhail a-steach cleachdad ghoireasan leithid tòisicheadar, pupaidean agus disnean.¹¹

A' cleachdad rannsachadh agus ais-fhiosrachadh bho luchd-cleachdaidh thràth-bhliadhnaichean is bhun-sgoile air feadh Alba, tha sinn air goireasan a leasachadh mar thaic do ghnàthaicheadar a thaobh caractaran Làrach Mheata-Sgilean in-chorpachadh do an cuid obrach.

Gus taic a chur ri mothachadh agus tuigse do na caractaran agus am meata-sgil co-cheangailte riutha, tha sinn air sreach de phostairean a thoirt gu buil. Faodaidh na postairean seo a bhith air an taisbeanadh ann an rumannan-sgoile agus iomradh a thoirt orra aig àm meòrachaidh air leasachadh sgilean.

Tha sinn cuideachd air disnean caractair a chruthachadh. Dh'haodadh iad sin an cleachdad le daoine òga gus:

- Na caractaran a bhios anns an sgeulachd a thaghadh.

- Meòrachadh air no sgeulachad innse mu dheidhinn mar a tha iad air a' mheata-sgil sin a cleachdad an latha sin.

Gabhaidh disnean caractair mheata-sgilean an cleachdadòr còmhla ri disnean sgeulachd sam bith eile a bhios gnàthaicheadar a' cleachdad gus suidheachaidhean, facail agus propaichean a dhearbhadh.

Gabhaidh pupaidean meòir an cleachdad airson sgeulachdan a thoirt beò:

- Dh'haodadh gnàthaicheadar na pupaidean a cleachdadòr aig àm leughaidh sgeulachdan gus meòrachadh air na sgilean a thathar ag ùisneachadh le diofar charactaran.
- Dh'haodadh gnàthaicheadar na caractaran mheata-sgilean a cheangal ri caractaran eile a bhios iad a' cleachdadòr, mar eisimpleir, caractaran do thaisbeanairean SHANARRI.
- Dh'haodadh daoine òga na pupaidean a cleachdadòr gus an sgeulachdan fhèin a chleasachd beò no susbaint dhidseatach a chruthachadh.

Tha measgachadh de dhiofar ghniomhachdan sam faodadh pupaidean an cleachdadòr. Mar eisimpleir:

¹¹ National Literacy Trust (2020) Supporting early years children to tell stories

Stiùir gu Làrach Mheata-Sgilean

- An gnàthaichear no neach òg a' toirt iomradh air a' charactar agus an còrr den chlas a' tomhas cò an caractar a th' ann.
- Gniomhachdan cluiche mas-fhior. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh am pupaid caractair airson Feeling Felix a chleachdad gus beachdan chàich a rannsachadh agus am pupaid caractair airson Integrity Imani a chleachdad gus riaghailtean a rannsachadh, a bhios gar cumail sàbhailte air a' bhlàr a-muigh.

Tha ìceanan na Làraich Mheata-Sgilean air an leasachadh cuideachd agus gabhaidh iad an cleachdad le gnàthaicheadan/luchd-cleachdaidh:

- Taobh a-staigh thaisbeanaidhean
- Gus steigearan a chruthachadh

Tha duilleagan-obrach dathaidh air an cruthachadh cuideachd gus ceadachadh do luchd-ionnsachaidh an caractaran a dhèanamh freagarrach. Leanaidh sinn air adhart ag obair còmhla ri luchd-cleachdaidh agus prìomh chom-pàirtichean gus tuilleadh goireasan a leasachadh mar thaic do luchd-cleachdaidh le meata-sgilean fhighe a-steach don obair aca sa chlasrum. Chan eil am modh-obrach seo àithnteil. Tha na

goireasan sin air an solarachadh dhaibhsan a bu mhath barrachd taic, bheachdan no brosnachadh fhad 's a tha iad a' leasachadh am modh-obrach fhèin le leabachadh mheata-sgilean.

Dha-dheug caractar den Làrach Mheata-Sgilean

